

Bòrd na Gàidhlig

Brath Naidheachd
Press Release



Please scroll down for English Version

DEASBAD BT ALBA 2009 AIR FÀIRE

29 An Dàmhair 2009

Tha an obair ullachaidh mu dheireadh mu choinneamh Deasbad BT Alba 2009 a-nis a' gabhail àite fad is farsaing air feadh na dùthcha. Thèid a' chiad dà chuairet a chumail anns an Lanntair ann an Steòrnabhagh an ath sheachdain, sin Dimàirt agus Diciadain an treas agus an ceathramh là den t-Samhain 2009. Bidh còig sgoiltean deug bho air feadh Alba a' gabhail pàirt as a' cho-fharpais chliùiteach le ceithir dhiubh sin a' dol air adhart chun an iar-chuairet a thèid a chumail ann an Ionad Sgeulachdan Dhùn Èideann air Dimàirt 24 Samhain agus gabhaidh a' chuairet dheireannach àite aig Pàrlamaid na h-Alba air Diciadain 25 Samhain. Cluinnear cuideachd a' chuairet dheireannach beò air BBC Radio nan Gàidheal.

Tha atharraichean beag a' gabhail àite ann an structar farpais na bliadhna seo; a thuilleadh air na ochd sgiobaidhean a bhuanach, thèid an dà sgioba a chaill agus aig a bheil na comharran as àirde bhon a' chiad chuairet troimhe chun an dàrna cuairt. Anns an dàrna cuairt, bidh na sgiobaidhean a' deasbad air an aon chuspair agus thèid na ceithir sgiobaidhean le na comharran as àirde troimhe chun an iar-chuairet dheireannach a thèid a chumail ann an Dùn Èideann. Chaidh an taghadh airson a' Chiad Chuairt mar a leanas:

- Sgoil Bhàgh a' Chaisteil V Sgoil Lìonacleit
- Àrdsgoil Lochabair V Àrdsgoil Ghleann Challdair A
- Sgoil Sir E Scott V Àrdsgoil Ghleann Challdair B
- Àrdsgoil Gheàrrloch V Acadamaidh Rìoghail Bhaile Dhubhthaich
- Acadamaidh Allt a' Mhuilinn V Sgoil MhicNeacail
- Acadamaidh Hazlehead V Acadamaidh Dhrochaid an Easbaig
- Sgoil Ghàidhlig Ghlaschu V Àrdsgoil Sheumais Gillespie
- Acadamaidh Bhaile Theàrlaich V Àrdsgoil Phortrigh

Tòisichidh Deasbad BT Alba 2009 air Dimàirt 3 Samhain aig 1.30f anns An Lanntair ann an Steòrnabhagh le deasbadan eile a' gabhail àite nas fhaide air adhart air an fheasgar aig 6.30f. Tòisichidh an dàrna cuairt air Diciadain an ceathramh là, a-rithist aig 1.30f. Tha fàilte chridheil air neach sam bith a thighinn a dh'èisteachd ri na deasbadan. Thuirt Cathraiche Comataidh Rianaidh Deasbad Nàiseanta nan Sgoiltean Ghàidhlig., Calum Iain MacLeod:

"Mholainn do dhaoine a dhol a dh' èisteachd ri Deasbad BT Alba 2009 agus taic a thoirt dha. 'S e farpais air leth a tha seo a tha a' sealltainn na sgilean làidir a tha sgoilearan ann an

Bòrd na Gàidhlig

Brath Naidheachd
Press Release



conaltradh agus deasbad. Tha e cuideachd a' sealltainn an obair mhìorbhaileach a tha a' gabhail àite nar sgoiltean".

Airson tuilleadh fiosrachaidh thèid gu làrach-lìn an Deasbad, www.deasbadbtalba.com

Bòrd na Gàidhlig

Brath Naidheachd
Press Release



FINAL PREPARATIONS UNDERWAY FOR BT ALBA DEBATE 2009

29 October 2009

Final preparations are taking place ahead of the 2009 BT Scotland National Schools Gaelic Debate. The first two rounds will be held in An Lanntair in Stornoway next week, Tuesday and Wednesday the 3rd and 4th of November 2009. Pupils from fifteen schools across Scotland will compete in the prestigious competition, with four schools going through to the semi-finals which will be held in the Scottish Storytelling Centre Edinburgh on Tuesday 24th November. The Final will be held in the Scottish Parliament on Wednesday the 25th of November 2009 and will be broadcast live on BBC Radio nan Gaidheal.

Slight changes have been made to the Competition format; as well as the eight winning teams, the two highest-scoring losers from Round 1 will also go through to Round 2. In Round 2, all the teams will debate the same topic with the four teams with the highest points progressing to the semi-finals in Edinburgh. The draw for Round 1 is as follows:

- Castlebay Community School V Lionacleit Secondary
- Lochaber High School V Calderglen High School A
- Sir E Scott Secondary School V Calderglen High School B
- Gairloch High School V Tain Royal Academy
- Millburn Academy V The Nicolson Institute
- Hazlehead Academy V Bishopbriggs Academy
- Glasgow Gaelic School V James Gillespie High School
- Charleston Academy V Portree High School

The 2009 Debate will begin on Tuesday the 3rd of November at 1.30pm in An Lanntair with a further few rounds being held later that evening at 6.30pm. Round Two will take place on Wednesday the 4th, again commencing at 1.30pm. Members of the public are warmly invited to attend the debates. Chairperson of the BT Scotland National Gaelic Schools' Debate Management Committee Calum Iain MacLeod said:

"I would strongly encourage members of the public to go along and support the 2009 Deasbad BT Alba. The competition is an excellent showcase of the strength of the debating and communication skills of our Gaelic speaking youngsters and is testament to the fantastic teaching work taking place in our schools."

Further information on the 2009 Debate can be found on the Debate's website at www.deasbadbtalba.com.